

# AISEAG: LEASAN 6: TÀR-SGRÌOBHADH AIRSON CLÀRADH 109353

## MAR A FHUAIR BRAN AIR AIS AN DATH A BH' AIR O THÙS

Peggy MacDonald (PM): Fionn uaireigin a' falbh air bàta.

Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach (DE): Bran?

PM: Seadh. Bha e aige. Agus bha Fionn a' falbh suas air a' bhàta a bha seo, agus bha aca ri biast no rudeigin a chur air... bha biast mhòr a' tighinn air tìr, 's bha duine no beothach no rudeigin aca ri chur... chur a-mach dhi. Agus chunnaic iad a' bhiast seo ag èirigh a-nist, agus... airson... eagal gum marbhadh i duine. Agus dh'fhalbh Fionn agus thilg e a-mach Bran, agus shluig i e. Agus an ceann poille mòr, chunnaic iad i ga sàthadh fhèin suas air port tioram. Agus chuir i a-mach Bran air a beul, agus gun ròin, fionnan no rud eile air. Agus sin nuair a thàinig Fionn agus chuir e a-staigh do dh'ospadal e. Agus chaidh an uair sin a leigheas, agus nuair a thàinig Bran a-mach, bha e loma-làn... bha... geal a bha e uile. Agus thuir Fionn:

"Chan e sin," ars esan, "coltas Bran idir," ars esan. "Taobh dhubh agus tàrr geal, dà chluais ghorma chun na seilge 's... druim uaine chun na seilge," ars esan, "dà chluas chorrach chrò-dhearga."

Sin a dh'iarr e. Agus thug iad an sin a-staigh a-rithist e, agus chuir iad air ais sin air, agus bha... b' fheudar dhaibh, leis cho goirt 's a bha a chas, b' fheudar dhaibh cuaran òir a chur air a chois, agus bha an cuaran òir riamh air às a dhèidh sin.

Shin agad mar a dh'èirich...